

## Sgeama Measaidh a' Chomuinn Ghàidhealaich

There are 4 Levels for the Silver Card and 4 sample conversations for each level, giving a total of 16 sample conversations. The sample conversations are **only examples** to illustrate how the key structures **could** be used in conversation. During the testing, it is not expected that these conversations are followed verbatim.

**You will not be asked to do all the conversations.** The assessor will judge how many conversations are necessary to assess your level. The actual conversations should be as natural as possible while incorporating the key structures. For more detailed information on testing procedures, please see *Learners' Guide* for An Comunn Gàidhealach assessment scheme.

To attain the Silver Card, the learner must succeed at all 4 levels and attain 60% in the use of the key structures. These are underlined in the conversations. At least 60%, i.e. 12 out of 20, should be attained for each conversation tested at each level before moving on to the next level.

At this level, in order to cover the key structures appropriately, the conversation is likely 1) to take the form of a short role play where you take the part of a character or 2) you might be given a topic to discuss, for example, holidays, pastimes, likes and dislikes. The role play will be explained to you carefully before the actual assessment starts. During the role play, the assessor will make sure the key structures are included.

Please note that, although the –ibh forms are sometimes used in the following, the use of thu / sibh, leat / leibh etc is entirely up to the participants and they will be guided by what they feel comfortable with.

### Ìre 6 / Level 6,

#### Còmhradh 1 / Conversation 1

##### Neach-measaidh (NM)

##### Neach-ionnsachaidh (NI)

NM: Madainn mhath / feasgar math, ciamar a tha sibh an-diugh?

NI: Tha mi gu math, tapadh leibh. Ciamar a tha sibh fhèin.

NM: Chan eil dona idir, tha sinn gu sunndach an seo.

NI: Glè mhath.

NM: Airson Ìre 6, còmhradh a h-aon tha dà chuspair againn 1) na rudan a bhios sibh a' feuchainn, m.e. a' feuchainn ri cànan ionnsachadh agus 2) ag innse rudan, m.e. rudan a thachair dhuibh. A bheil sibh ceart gu leòr le sin?

NI: Tha mi smaoinichadh gu bheil.

NM: Ceart ma-thà, tòisichidh sinn. A bheil fion a' còrdadh ribh?

NI: Tha, uaireannan.

NM: An do dh'fheuch sibh riamh fion à Calafornia?

NI: Cha do dh'fheuch, chan eil mi smaoinichadh, ach dh'fheuch mi fion às an Fhraing iomadh uair.

NM: Tha fion na Frainge math dha-rìribh, is toigh leam fhìn fion à Burgundy. A bheil sibh fhèin a' feuchainn ri rud ùr ionnsachadh an-dràsta?

- NI: Uèil, tha mi a' feuchainn ri Gàidhlig ionnsachadh!
- NM: Agus tha sibh a' dèanamh glè mhath gu dearbh. Feuchaidh mi ri bruidhinn gu slaodach. (*a' tabhann pìos seoclaid air an NI.*) A bheil sibh airson pìos seoclaid fheuchainn?
- NI: Chan eil, tapadh leibh, chan fheuch mi idir e.
- NM: Siuthadaibh, feuchaibh pìos beag dheth.
- NI: Chan fheuch, tapadh leibh, dh'fheuch mi e roimhe agus cha do chòrd e rium.
- NM: Glè mhath ma-thà, bidh sinn a' bruidhinn a-nis mu bhith ag innse rudan. An innis sibh dhomh beagan mu na saor-làithean agaibh?
- NI: Innsidh, chaidh sinn dhan Fhraing. Bha sinn mu dheas faisg Toulon. An robh sibh fhèin air saor-làithean? An innis sibh dhomh?
- NM: Innsidh gu dearbh, bha sinn ann an Kenya an-uiridh.
- NI: A bheil sibh a' dol a dh'innse dhomh cò a bha còmhla ribh?
- NM: Bha a' bhean agus a' chlann.
- NI: Glè mhath, an do chòrd e riutha?
- NM: Chòrd. An robh e math san Fhraing?
- NI: Bha, ach bha an taigh ro bheag.
- NM: An do dh'innis iad dhuibh mus deach sibh ann gun robh an taigh beag?
- NI: Cha do dh'innis iad dhuinn idir. Ach bha e beag, bha e fìor bheag. Ach innis dhomh, an robh e teth ann an Kenya?
- NM: Bha, bha e gu math teth, chan urrainn dhomh innse dhuibh cho teth agus a bha e. Ach chan e sin an rud bu mhiosa.
- NI: Innis tuilleadh dhomh!
- NM: Bha an nighean bheag againn tinn. Chan urrainn dhomh innse dhuibh cho tinn 's a bha i. Ach fhuair seachad air, taing do Dhia.
- NI: 'S math sin.

## Ìre 6 / Level 6,

### Còmhradh 2 / Conversation 2

#### Neach-measaidh (NM)

#### Neach-ionnsachaidh (NI)

- NM: Madainn mhath / feasgar math, ciamar a tha thu?
- NI: Tha gu math agus thu fhèin?
- NM: Chan eil dona idir. Airson còmhradh a dhà, Ire 5 tha sinn a' dol a dhèanamh riochd-chluich no role-play. A bheil thu toilichte le sin?
- NI: Tha, bidh sin math. Dè an seòrsa riochd-chluich?
- NM: 'S caraidean a th' annainn aig a bheil ùidh ann an spòrs, gu h-àraidh ball-coise agus teanas. A bheil thu a' tuigsinn?
- NI: Tha, tha mi a' tuigsinn.
- NM: Tòisichidh sinn ma-thà. Bha Anndra Moireach a' cluich an-dè. A bheil fhios agad an do bhuannaich e?
- NI: Bhuannaich, bhuannaich e trì seataichean gu dhà, tha mi smaoinichadh.

- NM: Tha sin math. An toir thu dhomh sùil air a' phàipear-naidheachd agad?
- NI: Bheir gu dearbh. (a' toirt a' phàipeir dha)
- NM: Obh, obh, an do chaill Alba an aghaidh Lithuania?
- NI: Chaill, tha eagal orm.
- NM: Ach cha do chaill Sasainn an aghaidh na Pòlainn, bhuannaich iad.
- NI: Bhuannaich, tha iad nas fheàrr na Alba.
- NM: Tha eagal orm gu bheil. Tha Rangers agus Celtic a' cluich Disathairne. An tèid thu ann còmhla rium?
- NI: Thèid, bhiodh sin math. Am faigh thu dà thiocaid dhuinn?
- NM: Gheibh, gheibh mi na tiocaidean air an eadar-lìon.
- NI: Glè mhath.
- NM: An d' fhuair thu na tiocaidean an turus mu dheireadh?
- NI: Fhuair.
- NM: Cha d' fhuair, fhuair mise iad.
- NI: O, tha mi duilich, gheibh mise na tiocaidean ma-thà.
- NM: Math dha-rìribh. (*a' leughadh a' phàipeir-naidheachd*) Tha mi a' faicinn gun do bhuannaich Alba an gèam rugbaidh an aghaidh Georgia.
- NI: An do bhuannaich? A, tha sin math.
- NM: Bhuannaich Alba agus bhuannaich Andy Moireach. Tha mi a' faireachdainn beagan nas fheàrr a-nis. An dèan thu rudeigin dhomh?
- NI: Nì, 's dòcha, dè?
- NM: An cuir thu air an telebhisean? Tha thu ri a taobh.
- NI: Ceart gu leòr.

## Ìre 6 / Level 6,

### Còmhradh 3 / Conversation 3

#### Neach-measaidh (NM)

#### Neach-ionnsachaidh (NI)

- NM: Thigibh a-staigh. Ciamar a tha sibh an-diugh?
- NI: Tha gu math, agus sibh fhèin.
- NM: Tha mi gu dòigheil, tapadh leat. Airson còmhradh a trì, Ìre 5 bidh sinn a' dèanamh riochd-chluich, role play.
- NI: Glè mhath. Dè seòrsa riochd-chluich.
- NM: Tha sinn ann an ospadal, ann an Roinn Tubaist is Èiginn, no A & E. Mise an dotair agus tha thusa a' tighinn a-steach le rudeigin ceàrr ort. A bheil thu a' tuigsinn?
- NI: Tha, tha mi smaoinichadh.
- NM: Tha rudeigin ceàrr ort agus bidh thu ag innse dè tha ceàrr.
- NI: Glè mhath ma-thà.
- NM: Glan fhèin, tòisichidh sinn.

(anns an ospadal)

NM: Dè thachair dhut? Dè tha ceàrr ort? An do ghoirtich thu thu fhèin?  
NI: Ghoirtich mi mo ghàirdean ann an tubaist rathaid. Tha mo chluas goirt cuideachd.  
NM: A bheil thu gam chluinntinn gu furasta?  
NI: Tha, tha mi gad chluinntinn.  
NM: An urrainn dhut do ghàirdean a ghluasad?  
NI: Chan urrainn.  
NM: Feumaidh sinn do cur airson X-ray. Bhris thu do ghàirdean 's dòcha.

*(dà latha às dèidh sin tha an duine anns an leabaidh anns an ospadal agus tha an dotair a' cur cheistean air / oirre)*

NM: Ciamar a tha thu a' faireachdainn?  
NI: Tha mi nas fheàrr, chan eil adhbhar a bhith a' gearan.  
NM: A bheil do chluas nas fheàrr?  
NI: Tha, tha i fada nas fheàrr.  
NM: Bhris thu do ghàirdean ann an dà àite ach tha plèastair oirre a-nis. Gheibh thu a-mach a-màireach.  
NI: Tha sin math. Tapadh leibh.

NM: Glè mhath. Sin an riochd-chluich seachad. Am faod sinn bruidhinn mu dheidhinn cuspair a-nis? 'S e slàinte an cuspair. Tha mi ann an ionad meidigeach agus tha mi a' togail bileag le molaidhean – recommendations – airson slàinte. A bheil thu gam thuigsinn?  
NI: Tha.  
NM: Tha a' bhileag ag ràdh rudan mar "Tha measan agus beagan eacarsaich math dhut". Dè tha thu a' smaoinichadh dhe sin?  
NI: Tha mi a' dol le sin gu mòr. Tha eacarsaich math dhut agus measan cuideachd.  
NM: Tha e cuideachd ag ràdh, "Tha cus salainn dona dhut". Dè do bheachd?  
NI: 'S e an fhìrinn a tha sin cuideachd, chan eil cus salainn math dhuinn idir.  
NM: Rud eile air a' bhileig 's e, Cha bu chòir dhut cus seòclaid ithe".  
NI: Uèil, chan eil mi cinnteach, is fìor thoigh leam seòclaid. An toigh leat seòclaid?  
NM: Is toigh l', is fìor thoigh leam seòclaid. Bidh mi ag ithe cus. Rud eile a tha e ag ràdh 's e, "Na bi a' smocadh".  
NI: An robh thu riamh a' smocadh?  
NM: Bha agus tha, tha eagal orm. Feumaidh mi nas lugha a smocadh.  
NI: Chan eil e furasta nas lugha a smocadh. Dè eile a tha a' bhileag ag ràdh?  
NM: Tha e ag ràdh, "Carson nach tèid thu dhan ionad spòrs?"  
NI: Deagh bheachd, ach cha bhi mi a' dol an sin.  
NM: Cha bhi na mise. O, agus aon rud eile, "Cha bu chòir dhut a bhith a' fraighigeadh a h-uile càil".  
NI: Cha bhi mi a' fraighigeadh mòran.  
NM: Cha bhi na mise, ach là na Sàbaid bidh bracaist air a fraighigeadh againn.  
NI: Chan eil sin dona, aon uair san t-seachdain.  
NM: Nach sinn a tha glic!

## Ìre 6 / Level 6,

### Còmhradh 4 / Conversation 4

#### Neach-measaidh (NM)

#### Neach-ionnsachaidh (NI)

NM: Hallò, ciamar a tha thu?

NI: Tha gu dòigheil, tapadh leat, agus thu fhèin.

NM: Chan eil dona idir. Airson còmhradh 4, Ìre 6 tha sinn a' dèanamh riochd-chluich, no role play. Bidh sinn a' bruidhinn mu dheidhinn obraichean. 'S e tidsear a th' annamsa agus 's e sgoilear air an t-siathamh bliadhna a th' annadsa.

NI: Glè mhath, tha mi a' tuigsinn.

NM: Dè bu toigh leat fhèin a dhèanamh nuair a dh'fhàgas tu an sgoil? Am bu toigh leat a bhith nad shaighdear?

NI: Cha bu toigh l'.

NM: A bheil thu air son a bhith nad phoileas?

NI: Chan eil, bu toigh leam a bhith ag obair le airgead.

NM: Le airgead? Ann am banca? A bheil ùidh agad ann a bhith ag obair ann am banca?

NI: Chan eil, ach tha ùidh agam ann a bhith ag obair ann am bùth. Tha bùth aig m' athair.

NM: 'S e cothrom math a th' ann dhut cosnadh a dhèanamh.

NI: 'S e, tha mi ga fhaicinn mar chothrom math.

NM: Tha thu ceart, 's e deagh chothrom a th' ann.

NI: Feuchaidh mi e co-dhiù.

NM: Glè mhath. A-nis, am b' urrainn dhuinn riochd-chluich bheag eile a dhèanamh, an turas seo ann am bùth?

NI: Ann am bùth?

NM: Seadh, thusa a' reic agus mise a' ceannach.

NI: Dè seòrsa bùth?

NM: Bùth-aodaich, a bheil thu toilichte le sin?

NI: Tha.

NM: Math dha-rìribh. O, am facal 'cuibhteas', tha sin a' ciallachadh receipt. (*a' sealltainn seacaid do thè / fhear na bùtha*) Cheannaich mi an t-seacaid seo anns a' bhùth agaibh. Am faod mi seacaid eile fhaighinn na h-àite?

NI: Carson? Dè tha ceàrr oirre?

NM: Seallaibh, tha toll innte. Faodaidh mi a càradh, ach 's e seacaid ùr a th' innte. Am faod mi tèile fhaighinn na h-àite.

NI: Tha mi diulich, chan eil tèile againn.

NM: Uèil, tha mi ag iarraidh m' airgead air ais. Am faigh mi m' airgead air ais an àite na seacaid?

NI: Gheibh, ma tha cuibhteas agaibh.

NM: Tha mi diulich, chan eil an cuibhteas agam. Tha mi air a chall. A bheil seacaid eile agaibh coltach ris an tè seo?

NI: Dè mu dheidhinn i seo? Tha i air a dèanamh gu math.

NM: Tha ach tha i beagan daor.

NI: Tha ach 's fhiach i e. Nì i an gnothaich airson bliadhnaichean.

NM: Nì i an gnothaich airson bliadhna no dhà. (ga feuchainn air) Seall, tha i a' tighinn às chèile.  
Tha mi ag iarraidh m' airgead air ais.

NI: Tha mi duilich ach feumaidh sibh cuibhteas.

NM: Abair droch sheirbheis!

NI: Tha mi a' cluinntinn na tha sibh ag ràdh! Tha mi uabhasach duilich.